




Luch a' Bhaile agus Luch na Dùthcha



Luch a' Bhaile agus Luch na Dùthcha




Air ath-innse le Susan Akass
Dealbhan Tony Ross
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud
bha toll beag aig luch ann an craoibh.
“Is mise Luch na Dùthcha,” thuirt e.



Bha toll beag aig Luch a' Bhaile
ann an taigh anns a' bhaile.

“Is mise Luch a' Bhaile,” thuir e.



Aon là thuir Luch a' Bhaile,
"Tha mi a' dol a chèilidh air
Luch na Dùthcha."
Agus dh'fhalbh e.



“Dè bhios tu ag ithe an seo san dùthaich?”

thuirt Luch a’ Bhaile.

“Bidh mi ag ithe gràn,” thuirt Luch na Dùthcha.

“Ach cha toil leamsa gràn,”

thuirt Luch a’ Bhaile.




“Cha toil leam an dùthaich,”
thuirt Luch a’ Bhaile.

“Trohad dhan taigh agamsa sa bhaile,”
thuirt e.



Chaidh Luch a' Bhaile agus
Luch na Dùthcha dhan bhaile.




“Dè bhios tu ag ithe an seo sa bhaile?”

thuirt Luch na Dùthcha.

“Bidh mi ag ithe càise,” thuirt Luch a’ Bhaile.


“Is toil leamsa càise,” thuirt Luch na Dùthcha.




Leum Luch a' Bhaile agus Luch na Dùthcha
suas air a' bhòrd.

“Ium! Ium!” thuirt Luch na Dùthcha.

“Is toil leam fhèin am baile.”



“Sìos! Sìos! Sìos leat!
thuir Luch a’ Bhaile.
“Tha mi a’ faicinn cat.”



Leum an cat suas air a' bhòrd.

“Cuidich mi! Cuidich mi!”

dh'èigh Luch a' Bhaile.

“Tha mise a' dol dhan toll.”



“Cha toil leam am baile,”
thuirt Luch na Dùthcha.

“Thèid mi air ais gum tholl san dùthaich.”
Agus a-mach a ghabh e.